

### *Cluinnidh tu Flòraidh NicPhàil ag innse mun Mhòd Nàiseanta.*

#### **Pàirt 1**

An do ghabh thu fhèin pàirt anns a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail a-riamh? Mura do ghabh, 's fhiach smaoinichadh air na diofar chothroman a bhiodh ann dhut oir, nam bheachd-sa, tha tachartasan ann a fhreagras air a h-uile duine.

'S e am Mòd Nàiseanta Rìoghail prìomh fhèis bhliadhnail na Gàidhlig. Tha am Mòd a' toirt chothroman do luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig pàirt a ghabhail ann an co-fharpaisean seinn 's ciùil, dannsa Gàidhealach, dràma, spòrs agus litreachas. Tha na h-àireamhan de dhaoine a tha air a bhith a' gabhail pàirt anns a' Mhòd Nàiseanta air a bhith ag èirigh gu mòr anns na beagan bhliadhnachan a chaidh seachad. Mar thoradh air seo, tha barrachd inbhe aig an tachartas am measg nam meadhanan – rèidio, telebhisean agus pàipearan-naidheachd.

'S e an Comunn Gàidhealach a bhios a' cur air dòigh a' Mhòid Nàiseanta. Chaidh an Comunn a stèidheachadh anns an Òban ann an 1891. Chaidh a' chiad Mhòd a chumail san Òban an ath bhliadhna. Tha e air a bhith ann gach bliadhna bhon uair sin ach tro bhliadhnachan a' Chiad agus an Dàrna Cogaidh. Tha am Mòd air a chumail ann an saor-làithean na sgoile anns an Dàmhair, a' fàgail gu bheil e nas fhasa do phàrantan agus clann a bhith ga fhrithealadh.

#### **Pàirt 2**

'S e seachdain eagalach thrang a tha sa Mhòd. Bidh co-fharpaisean ciùil a' gabhail àite air a' chiad latha den Mhòd, Disathairne. Diluain, bidh co-fharpaisean luchd-ionnsachaidh na cloinne ann. Bidh co-fharpaisean chloinne a tha nam fileantaich ann Dimàirt agus Diciadain. Diardaoin, bidh co-fharpaisean inbhich nam Bonn òr ann airson seinn òran ainmichte agus seinn seann-nòs. Bidh co-fharpaisean nan còisirean ann cuideachd an latha sin. Thèid cuireadh a thoirt dhan fheadhainn a bhuannaicheas farpaisean an latha pàirt a ghabhail ann an cèilidh an luchd-buannachaidh gach oidhche. Thig an t-seachdain gu crìch oidhche Haoine le cèilidh mòr a' Mhòid.

Ged a tha farpais aig cridhe a' Mhòid, bidh tachartasan neo-fhoirmeil cuideachd a' gabhail àite air an oidhche air Iomall a' Mhòid. Bidh cuid de na seinneadairean 's luchd-ciùil as fheàrr ann an Alba a' tighinn cruinn còmhla ann an taighean-òsta a' bhaile sa bheil am Mòd a'dol air adhart.

Tha cosgais mhòr an luib a bhith a' cur a' Mhòid Nàiseanta air dòigh. Cha bhiodh Mòd idir ann mura biodh taic ann bho bhuidhnean mar Caledonian Mac a' Bhriuthainn, Banca Rìoghail na h-Alba, Am Posta Rìoghail, agus BBC na h-Alba.

Ach bidh am Mòd a' cur gu mòr ri eaconamaidh na sgìre anns an tèid a chumail aig àm den bhliadhna nuair nach bi mòran luchd-turais a' tadhal. Mar eisimpleir, chuir seachdain a' Mhòid dà mhillean gu leth not ri eaconamaidh Inbhir Nis ann an 2014.